




Highlands and Islands  
Airports Limited  
Puirt-adhair na Gàidhealtachd  
is nan Eilean Earranta

# Plana Ro-innleachdail 2023-28

Ùrachadh – Tionndadh 2: An Dùbhlachd 2024





# Clàr-innse

Facal-tòiseachaidh	1
Plana Ro-innleachdail 2023-28 - Geàrr-chunntas de dh'atharrachaidhean air an sgrìobhainn	2
Ro-ràdh	5
An t-adhartas againn	6
Mu ar deidhinn	7
Ar Misean, àrd-amas agus luachan	8
Na Dùbhlain againn	9
Ar n-Amasan	10
Na prìomhachasan againn	11
Fios thugainn	18

# Facal-tòiseachaidh

**Mar luchd-seilbh agus luchd-ruith aon phort-adhair deug air feadh sgìre mhòr na Gàidhealtachd is nan Eileanan agus Taobh Tatha, 's e adhbhar HIAL lionra sàbhailte is seasmhach de phuirt-adhair roinneil a ruith gus ceanglaichean adhair a chomasachadh, agus gus taic a chumail ri seirbheisean loidhne-teasairginn do na coimhearsnachdan a tha e a' frithealadh.**

Mar fhreagairt air foillseachadh Lèirmheas Caitheamh Ghoireasan Riaghaltas na h-Alba sa Chèitean 2022, cho-dhùin am Bòrd ath-sgrùdadh agus ath-chothromachadh a dhèanamh air prìomhachasan ro-innleachdail HIAL gus fòcas a chur air a phrìomh fhoincseanan gus ceanglaichean adhair riatanach a chomasachadh agus a chumail suas aig an àm seo agus san àm ri teachd.

Às dèidh prògram co-chomhairleachaidh farsaing le co-obraichean, buidhnean com-pàirteachais agus prìomh luchd-ùidh, dh'fhoillsich sinn am Plana Ro-innleachdail againn airson 2023-28 air 22 Ògmhios 2023.

Annas a' Chèitean 2024, dh'fhastaich am Bòrd Paul Kelsall mar Àrd-oifigear gus a' bhuidheann a stiùireadh agus gus amasan ro-innleachdail HIAL a libhrigeadh.

Dh'fhoillsich Còmhdhail Alba an Aithris Seirbheisean-adhair agus Prìomh Ghnìomhan san Iuchar 2024. Tha an Aithris Seirbheisean-adhair a' mineachadh lèirsinn Riaghaltas na h-Alba airson seirbheisean-adhair agus a' cur air adhart nan gnìomhan sònraichte gus na builean a choileanadh a thaobh a bhith a' cur ri ceanglaichean agus a bhith a' dì-charbonachadh.

Tha e soilleir gum mair na cuideaman ionmhais a thug oirnn ath-shuidheachadh a dhèanamh air na h-amasan againn agus ath-mheasadh a dhèanamh air na prìomhachasan ro-innleachdail fad ùine fhathast. Mothachail air seo, agus gus dèanamh cinnteach gu bheil na h-amasan ro-innleachdail againn a rèir Aithris Seirbheisean-adhair Riaghaltas na h-Alba agus Prògram an Riaghaltais, rinn am Bòrd agus Sgioba-stiùiridh Ro-innleachdail ath-sgrùdadh air a' phlana ro-innleachdail againn.

Chaidh aontachadh gun cuidich na h-amasan agus prìomhachasan ro-innleachdail làithreach againn gus faighinn tron ùine seo a tha doirbh a thaobh ionmhais. Ach, leis gu bheil na dùbhlain againn air gluasad air falbh bhon t-suidheachadh dìreach às dèidh Covid-19 tha sinn air an cothrom a ghabhail gus an aithris ùrachadh gus iomradh a thoirt air na cuideaman ionmhais leantainnich a tha mu choinneamh na roinne poblaich. Tha geàrr-chunntas air na h-atharraichean a rinneadh air an tionndadh seo den Phlana Ro-innleachdail againn air na duilleagan a leanas.

Tha sinn air grunn amasan a libhrigeadh bhon chaidh a' chiad Phlana Ro-innleachdail fhoillseachadh ann an 2023 agus tha sinn air geàrr-chunntas air ar n-adhartas a chur sa phàipear ath-sgrùdaichte seo. Cumaidh sinn oirnn a' libhrigeadh amasan gus ar prìomhachasan ro-innleachdail, a tha fhathast gun atharrachadh, a choileanadh. Tha na raointean fòcais gus ar prìomhachasan ro-innleachdail a libhrigeadh fhathast againn, ged a tha sin am briathrachas ann an cuid de raointean air ùrachadh gus ar n-adhartas a nochdadh.

Tha sinn fhathast dealasach a thaobh prògram ro-innleachdail de leasachadh beag-charboin seasmhach, a rèir amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba. Is e ar n-amas fad-ùine feumalachdan an latha an-diugh a choileanadh gun a bhith a' toirt droch bhuaidh air feumalachdan nan ginealaichean ri teachd, agus aig an aon àm a bhith a' dìon na h-àrainneachd, cultar agus dualchas air leth againn.

Tha an dreach seo den Phlana Ro-innleachdail againn a' dol an àite a' phlana a chaidh fhoillseachadh san Ògmhios 2023. Tha e a' mineachadh nan amasan agus prìomhachasan ro-innleachdail againn gus ar cuideachadh le bhith a' ruith puirt-adhair a tha sàbhailte, a' gèilleadh ris na riaghailtean, is seasmhach airson nan ginealaichean ri teachd.

Tha raointean fòcais fo gach fear de na prìomhachasan ro-innleachdail againn sa Phlana seach targaidean mionaideach. Aontaichidh sinn targaidean leis na co-obraichean againn agus bheir sinn mion-fhiosrachadh air na gnìomhan a nì sinn gus ar prìomhachasan a choileanadh sa Phlana Obrachaidh Chorporra bhliadhnail againn. Thèid prìomhachas a chur air na gnìomhan seo gach bliadhna gus dèanamh cinnteach gun tèid an libhrigeadh taobh a-staigh a' mhaoinachaidh iomlan a tha againn agus thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a rèir nam buidseatan a tha rim faighinn.


# Plana Ro-innleachdail HIAL 2023-28 – Geàrr-chunntas de dh'atharrachaidhean air an sgrìobhainn

Earrann	Geàrr-chunntas den atharrachadh
<p><b>Ro-ràdh</b></p>	<p>Chaidh an ro-ràdh ùrachadh gus am bi e a rèir an t-suidheachaidh làithrich agus gus gluasad air falbh bhon t-suidheachadh dìreach às dèidh Covid19.</p> <p>Iomradh air Aithris Seirbheisean-adhair agus Prìomh Ghnìomhan Riaghaltas na h-Alba.</p> <p>Cudrom as ùr air na dùbhlain ionmhasail leantainneach agus air mar a tha a tha an suidheachadh ionmhasail a' fàs nas teinne.</p>
<p><b>An t-Adhartas Againn</b></p>	<p>Chaidh earrann ùr a chur ann gus am fiosrachadh às ùr a thoirt seachad mun adhartas a rinn sinn sa chiad bhliadhna bho chaidh a' chiad Phlana Ro-innleachdail againn fhoillseachadh.</p>
<p><b>Ar Mìsean, Àrd-amas agus Luachan</b></p>	<p>Chaidh an aithris againn fon mhìsean againn atharrachadh beagan agus tha e a-nis ag ràdh: "Tha seo stèidhichte air an àrd-amas againn gu bheil sinn airson a bhith nar buidheann phort-adhair roinneil le cothromachadh-carboin."</p>
<p><b>Ar Luachan</b></p>	<p>Chaidh na luachan againn ath-sgrùdadh agus ùrachadh às dèidh beachdan fhaighinn bho na co-obraichean againn.</p>
<p><b>Na Dùbhlain againn</b></p>	<p>Tha am fòcas air gluasad bhon t-suidheachadh dìreach às dèidh Covid-19.</p> <p>Chaidh àireamhan luchd-siubhail ùrachadh gus figearan 2023/24 a chur ann.</p>
<p><b>Ar n-Amasan</b></p>	<p>Tha am fòcas air gluasad bhon t-suidheachadh dìreach às dèidh Covid-19 dhan t-suidheachadh làithreach le cuideam ionmhasail a tha a' sìor-fhàs.</p> <p>Chaidh an tuairisgeul airson 'Àrainneachd Puirt-adhair Sheasmhach' ùrachadh gus am bi e a rèir na targaid a tha air a mineachadh ann an Aithris Seirbheisean-adhair agus Prìomh Ghnìomhan Riaghaltas na h-Alba.</p> <p>Chaidh an tuairisgeul airson an amais airson 'Sgioba-obrach Sàbhailte is Seasmhach' ùrachadh gus cuideam a chur air àrainneachd obrach shàbhailte.</p>
<p><b>Ar Prìomhachasan</b></p>	<p>Tha sinn air ar prìomhachas a thaobh tasgadh ann am bun-structair ath-sgrìobhadh gus cuideam a chur air co-thaobhadh ris a' phrìomhachas againn gus am modail obrachaidh do phuirt-adhair as fheàrr agus as sàbhailte a libhrigeadh. Chaidh 'Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus am bi e a rèir nan stòrasan a tha rim faighinn' atharrachadh gu 'Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus modail obrachaidh a libhrigeadh a tha sàbhailte agus seasmhach taobh a-staigh nan stòrasan a tha rim faighinn'.</p>

# Plana Ro-innleachdail HIAL 2023-28 – Geàrr-chunntas de dh’atharrachaidhean air an sgrìobhainn

Earrann	Geàrr-chunntas den atharrachadh
<p><b>Libhrig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ionadail a choileanadh</b></p>	<p>Tha sinn air an aithris ùrachadh mu na raointean fòcais againn gus an t-adhartas a rinn sinn agus ar fòcas leantainneach san àm ri teachd a shealltainn.</p>
<p><b>Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus modail obrachaidh a libhrigeadh a tha sàbhailte agus seasmhach taobh a-staigh nan stòrasan a tha rim faighinn</b></p>	<p>Tha sinn air an aithris mu na raointean fòcas againn ùrachadh, gu sònraichte a thaobh a’ phlanadh calpa againn, gus an t-adhartas a rinneadh agus ar fòcas leantainneach air seo san àm ri teachd a chomharrachadh.</p>
<p><b>Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta againn agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra</b></p>	<p>Tha sinn air an aithris ùrachadh gus iomradh a thoirt air an obair a thathar a’ dèanamh gus iomadachadh agus gus sruthan teachd-a-steach ùra a chruthachadh.</p> <p>Tha sinn air an aithris ùrachadh mu na raointean fòcais againn gus an t-adhartas a rinn sinn agus ar fòcas leantainneach san àm ri teachd a shealltainn. Tha sinn air a’ phuing fòcais mu leasachadh nan cumhaichean cleachdaidh agus cosgaisean a thoirt às oir chaidh seo a chrìochnachadh sa Ghiblean 2024.</p> <p>Tha raon fòcais ùr ann mu obrachadh le companaidhean-adhair com-pàirteach gus taic a chumail ri gleidheadh slighean agus gus dèanamh cinnteach gum bi an gnìomhachas seasmhach.</p>
<p><b>Lùghdaich a’ bhuidh àrainneachdail againn</b></p>	<p>Chaidh am prìomhachas seo ùrachadh gus a bhith a rèir Aithris Seirbheisean-adhair agus Prìomh Ghnìomhan Riaghaltas na h-Alba.</p> <p>Tha e a’ gabhail a-steach aithris air an fhòcas againn airson nan trì bliadhna ri teachd.</p>
<p><b>Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gnìomhachais sùbailte ùr-nodha a libhrigeadh</b></p>	<p>Gun atharrachadh.</p>
<p><b>Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach</b></p>	<p>Chaidh an aithris ùrachadh gus a bhith a rèir na h-Aithris aca air Seirbheisean-adhair agus Prìomh Ghnìomhan.</p>





# Ro-ràdh

**Mhìnich sinn a' bhun-stèidh gus lionra puirt-adhair roinneil seasmhach a chumail suas airson an àm ri teachd sa Phlana Ro-innleachdail againn airson 2023-28 a chaidh fhoillseachadh air ais san Ògmhios 2023. Tha e a' mìneachadh nan amasan agus nam prìomhachasan a bhios gar stiùireadh gus ar dleastanas a lìbhrigeadh a bhith a' comasachadh cheanglaichean adhair riatanach do chuid de na coimhearsnachdan as iomallaiche againn.**

Nuair a bhathar ag ath-sgrùdadh a' Phlana Ro-innleachdail sin san t-Samhain 2024, dh'aontaich am Bòrd agus an Sgioba-stiùiridh Ro-innleachdail gu bheil na h-amasan agus na prìomhachasan againn fhathast buntainneach, 's dòcha barrachd a-nis na bha roimhe, leis gu bheil cuideam mòr eaconamach is ionmhasail air feadh na roinne poblach is a mhaireas greis fhathast.

Tha an dreach ùraichte seo den Phlana Ro-innleachdail againn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha ar prìomhachasan ro-innleachdail, agus 's a tha an obair a tha sinn air toirt air adhart, gus ar cuideachadh le bhith a' cumail taic dhan cheangailteachd adhair a tha cho deatamach do na coimhearsnachdan air a bheil sinn a' frithealadh.

Tha sinn a' coimhead air dòighean-obrach ùra agus air diofar mhodalan obrachaidh gus ar cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ann an dòigh èifeachdach ri caochlaideachd ionmhasail agus feumalachdan fad-ùine nan custamairean againn. Tha e deatamach gun libhrig sinn modail obrachaidh puirt-adhair a tha sàbhailte agus seasmhach a bhios cuideachd iomchaidh airson àm ri teachd le cothromachadh-carboin.

Bidh seirbheis custamair fhathast aig cridhe gach rud a ni sinn. A dh'aindeoin an t-suidheachaidh ionmhasail dhùbhланаich, tha a h-uile duine aig HIAL air leantainn orra a' coileanadh an dleastanasan san dòigh chàirdeil is phroifeiseanta àbhaistich aca – a bhios na custamairean againn a' toirt am follais gu tric.

Bu toil leinn taing a thoirt do na co-obraichean againn air feadh na Companaidh agus do buill eile a' Bhùird airson an obair chruaidh, an neart agus an dealas. Ag obair còmhla, tha am fòcas againn air a bhith a' sireadh èifeachdas, a' lorg sàbhalaichean cosgais, agus a bhith a' lorg chothroman airson teachd a-steach, air a bhith na cheum deatamach ann a bhith gar cur ann an deagh shuidheachadh airson a bhith seasmhach san àm ri teachd.

Tha dàimhean làidir againn le ar com-pàirtichean agus luchd-ùidh fhathast, a bhios deatamach ann a bhith gar cuideachadh agus sinn a' togail agus a' cumail suas seirbheis puirt-adhair ath-leumach is seasmhach do na coimhearsnachdan ionadail againn.

Tha an soirbheachas againn mar thoradh air dealas agus obair luachmhor ar luchd-obrach loidhne-aghaidh agus taic. Agus, nuair a bhios sinn a' gluasad air adhart, tha sinn misneachail a thaobh a' chomais againn uile gus aghaidh a chur ris na dùbhlain a tha romhainn.



**Lorna Jack**  
Cathraiche



**Paul Kelsall**  
Àrd-Oifigear Gnìomha

# An t-Adhartas Againn

**Chaidh a' chiad Phlana Ro-innleachdail againn airson 2023-2028 fhoillseachadh san Ògmhios 2023 agus rinn sinn Plana Obrachaidh Corporra, a shuidhich na prìomh amasan airson 2023/24 gus na h-amasan agus prìomhachasan ro-innleachdail a choileanadh. Tha sinn air adhartas nach beag a dhèanamh ann a bhith a' libhrigeadh nan amasan ro-innleachdail againn sa chiad bhliadhna den Phlana Ro-innleachdail againn. Gheibhear geàrr-chunntas gu h-ìosal:**

Mar thoradh air suidheachadh ionmhais dùbhlanaich, rinn sinn sgrùdadh air na cosgaisean gnìomhachais agus obrachaidh againn gus lùghdachadh chosgaisean a chomharrachadh, teachd-a-steach coimeirsealta àrdachadh agus a bhith ag obrachadh ann an dòigh cho èifeachdach 's a ghabhas. Bha seo a' gabhail a-steach molaidhean agus beachdan bho cho-obraichean air mar a ghabhadh na prìomhachasan seo a chur an gnìomh. Ro 31 Màrt 2024, bha an teachd-a-steach againn £2.3m air thoiseach air na bhathar an dùil agus, còmhla ri cosgaisean obrachaidh na b' ìsle na bha dùil, libhrig sinn toradh aig deireadh na bliadhna a bha mu £3.6m na b' ìsle na an tairgse tabhartais bliadhna a bha ri fhaighinn dhuinn.

Mar phàirt den phrìomhachas againn gus modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach a libhrigeadh, rinn sinn eacarsaich gus comharrachadh dè na prìomh sheirbheisean a tha air an toirt seachad anns gach fear de na puirt-adhair againn. Rinneadh ath-sgrùdadh air uairean-fosgaidh nam port-adhair againn agus dh'fhoillsich sinn seo air làrach-lìn nam port-adhair. Tha obair air a' phròiseact seo a' leantainn agus bidh sinn a' feuchainn ris a' mhodail obrachaidh as fheàrr a libhrigeadh airson gach fear de na puirt-adhair againn.

Rinn sinn ath-sgrùdadh air an t-Siostam Riaghlaidh Sàbhailteachd (SMS) againn agus rinn sinn ath-sgrùdadh iomlan air an leabhar-làimhe SMS againn, a chaidh fhoillseachadh san t-Samhain 2023 às dèidh do dh'Ùghdarras an Itealaich Chatharra (CAA) aontachadh.

Chruthaich sinn plana ùrachaidh teicneòlais làn-amalaichte a tha a' togail air prògram an teicneòlais tapaidh againn. Rinn sinn mion-sgrùdadh air gach inneal agus mothachair airson cùisean cleachdaidh gus faicinn mar a ghabhadh gach inneal a chleachdadh gus sàbhailidhean fhaighinn, gus cunnart a lùghdachadh agus gus cur ri sàbhailteachd.

Gus ar prìomhachas a choileanadh gus ar teachd-a-steach coimeirsealta àrdachadh rinn sinn ath-sgrùdadh air na dòighean làithreach againn gus cogaisean fhaighinn air ais agus chuir sinn structar teachd-a-steach ath-sgrùdaichte an gnìomh. Rinn sinn làn ath-sgrùdadh air Cùmhnantan Cleachdaidh (CoU) agus air cosgaisean puirt-adhair aig HIAL agus DAL a bha an sàs bho 1 Gearran 2024. Chaidh na sgrìobhainnean CoU agus Cìsean is Cosgaisean fhoillseachadh air làraich-lìn HIAL agus nam port-adhair air 1 Gearran 2024.

Rinn sinn Measaidhean Cunnart Atharrachadh Gnàth-shìde airson a h-uile port-adhair agus chaidh Aithisg Geàrr-chunntais a dhèanamh a' comharrachadh cunnartan gnàth-shìde san àm ri teachd. Thèid na cunnartan a riaghladh agus a phrìomhachadh a rèir pròiseas stiùireadh nan cunnartan againn.

Chruthaich sinn prògram air taobh an adhair gus eimiseanan carboin aig na puirt-adhair againn uile a lùghdachadh gus uidheamachd beag-carboin no gun charbon a chomharrachadh airson a dhol an àite uidheamachd làimhseachaidh a bha a' ruith air lùths nach eil ath-nuadhachail. Chaidh clàr a sgrìobhadh airson a bhith a' faighinn uidheam ùr an àite a h-uile carbad is uidheam aig gach port-adhair, a dh'fhiosraicheas a' chùis gnìomhachais airson a bhith a' cur uidheam ùr nan àite.

Mar phàirt den fhòcas againn gus na prìomhachasan againn dhan luchd-obrach a libhrigeadh, rinn sinn measadh gus prionnsapalan coitcheann a chomharrachadh airson clàran-obrach èifeachdach a tha a' cumail ri riaghailtean na h-ùine obrach.

Chruthaich sinn an Ro-innleachd Co-ionannachd, lomdachadh agus Ion-ghabhail againn agus chruthaich sinn plana gnìomh gus cultar a chur air adhart san àite-obrach far a bheil luach ga chur ann an co-ionannachd agus spèis agus far a bheil seo follaiseach dhan a h-uile co-obraiche air feadh buidheann HIAL.

Tha obair com-pàirteachais air aon de na ro-innleachdan prìomhachais againn agus tha sinn air Teirmean Iomraidh a chruthachadh a bhios iomchaidh airson fòraman coimhearsnachd do na puirt-adhair againn de gach meud. Cuidichidh seo gus dòigh-obrach chunbhalach ach shònraichte a bhith againn airson iomlaid fiosrachaidh structarail agus gus beachdan fhaighinn bho luchd-ùidh ionadail air cùisean co-cheangailte ris na puirt-adhair fa leth.

Chaidh a' chiad choinneamh aig Fòram Coimhearsnachd Port-adhair Kirkwall a chumail sa Mhàrt 2024, agus tha sinn a' cruthachadh fhòraman den aon seòrsa ann am puirt-adhair Cheann Loch Chille Chiarain, Dhùn Dè, Ìle agus Thiriodh.

Gus dèanamh cinnteach gum bi sruth fiosrachaidh dà-shligheach èifeachdach ann bho na custamairean againn, tha sinn a' cruthachadh prògram suirbhidhean luchd-siubhail cunbhalach. Tha sinn air suirbhidhean a thoirt a-steach do luchd-siubhail le gluasad lùghdaichte (PRM) a rèir riatanasan an CAA airson an dà phort-adhair far a bheil seo riatanach – Inbhir Nis agus Sumburgh. Tha an t-suirbhidh PRM ri fhaighinn do na puirt-adhair eile uile agus gabhadh a chur an sàs far a bheil sin a dhith.

Tha sinn ag obair gus na prìomh amasan sa Phlana Obrachaidh Chorporra againn airson 2024/25 a libhrigeadh agus ni sinn aithris air adhartas san Aithisg Bhliadhna agus Cunntasan againn airson 2024/25.



# Mu ar deidhinn

'S e companaidh earranta phrìobhaideach\* a th' ann am Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta (HIAL) a tha fo shealbh Ministearan na h-Alba agus a tha cunntachail airson stiùireadh agus ruith 11 puirt-adhair roinneil suidhichte ann am Barraigh, Beinn na Faoghla, Ceann Loch Chille Chiarain, Dùn Dè, Inbhir Nis, Ìle, Kirkwall, Steòrnabhagh, Sumburgh, Tiriodh agus Inbhir Ùige.

Ag obair le ar luchd-ùidh, tha sinn dealasach a thaobh a bhith a' toirt taic dhan ról shòiseo-eaconamach dheatamach aig seirbheisean adhair ann an Alba le bhith a' cumail suas agus a' leasachadh nam port-adhair agus nan ceanglaichean a bheir iad seachad airson cuid de na coimhearsnachdan as iomallaiche san dùthaich againn.

Tha sàbhailteachd na bhunait airson gach pàirt den obair againn, a' toirt seachad àrainneachd shàbhailte an dà chuid do luchd-obrach agus do chustaimairean. Tha prògram sàbhailteachd is tèarainteachd làidir againn a choileanas gèilleadh riaghlaidh air feadh na buidhne againn.

Bidh sinn an-còmhnaidh a' dèanamh ath-sgrùdadh air na siostaman agus na modhan-obrach againn gu dèanamh cinnteach gu bheil an ìre as àirde de choileanadh sàbhailteachd agus ath-leumachd aig a' bhuidhinn againn agus aig gach port-adhair againn.

## Tha na prìomh ghnìomhan againn a' gabhail a-steach:

- A' ruith puirt-adhair a bhios a' leantainn inbhean riaghlaidh agus a' cumail taic ri ceangailteachd còmh-dhail riatanach.
- A' cumail suas agus a' leasachadh bun-structair agus seirbheisean puirt-adhair
- Ag obair le loidhneachan-adhair is eile gus a bhith a' cumail suas agus a' leasachadh seirbheisean adhair sgeidealaichte, air siartair, agus bathair
- A' cur ris na sruthan teachd a-steach coimeirsealta againn gus am bi an gnìomhachas nas ath-leumaiche



\* Chaidh HIAL a stèidheachadh ann an Dùn Èideann air 4 Màrt 1986 mar chompanaidh earranta phrìobhaideach. Air 1 Giblean 1995, ghluais seilbh na companaidh bho Ùghdarras Itealachd Shìobhalta na RA gu Rùnaire na Stàite airson Alba agus an uair sin do Mhinistearan na h-Alba. Bidh HIAL a' faighinn thabhartasan bho Riaghaltas na h-Alba a rèir earrainn 34 de dh'Achd na h-Itealanachd Sìobhalta 1982 agus a' faighinn taic bho Chòmhdhail Alba – Buidheann-stiùiridh Itealain, Mhuireil, Bathair is Chanàlan.

# Ar Misean, Àrd-amas agus Luachan

'S e an t-amas a th' againn a bhith a' cur an comas ceanglaichean adhair agus a' cumail taic ri seirbheisean deatamach do na coimhearsnachdan a bhios sinn a' frithealadh tro lìonra de phuirt-adhair sàbhailte is seasmhach.

Tha seo stèidhichte air an àrd-amas againn gu bheil sinn airson a bhith nar buidheann phort-adhair roinneil le cothromachadh-carboin.

## Ar Luachan

Tha na luachan againn aig cridhe gach rud a ni sinn agus mar a ni sinn e. Tha iad a' mineachadh cò sinn; na tha sinn a' sùileachadh bho chèile agus bhuainn fhin; mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le chèile agus mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le ar custamairean, coimhearsnachdan agus luchd-ùidh eile. Tha cultar làidir stèidhichte air luachan a tha a' cumail taic ri libhrigeadh nam prìomhachasan ro-innleachdail againn aig cridhe ar soirbheis san ùine fhada.



Safety



Respect



Teamwork



Excellence

### Sàbhailteachd

Tha sinn dealasach mu na daoine, na coimhearsnachdan, an luchd-siubhail agus na com-pàirtichean againn. Tha sàbhailteachd aig cridhe gach rud a ni sinn gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn fhèin agus daoine eile tèarainte agus sunndach.

### Spèis

Bidh sinn ag àrach cultar a tha in-ghabhalach agus far a bheil daoine air am meas. Tha sinn a' cur spèis sna h-eadar-dhealachaidhean aig daoine fa leth leis a bheil sinn ag obair, aig ar custamairean agus aig ar coimhearsnachdan. Bidh sinn ag obair le ionracas agus sinn a' smaoinichadh air daoine eile.

### Co-obrachadh

Tha sinn a' cur luach anns na tha na daoine agus na com-pàirtichean a' cur ris a' bhuidhinn againn. Bidh sinn ag obair còmhla gus na h-amasan againn a choileanadh agus gus ar seirbheisean a libhrigeadh aig na h-ìrean as àirde.

### Sàr-mhathas

Tha sinn moiteil às an obair againn agus bidh sinn daonnan a' sireadh chothroman leasachaidh agus tha sinn daonnan fosgailte do bheachdan ùra. Tha sinn daonnan a' sireadh dhòighean-obrach ùra a libhrigeas obrachadh èifeachdach agus a lùghdaicheas na buaidh againn air an àrainneachd.

# Na Dùbhlain Againn

**Fiù 's mus robh na dùbhlain ionmhasail làithreach ann, bha sinn a' cur aghaidh air raon farsaing de dhùbhlain air an taobh a-staigh agus taobh a-muigh fhad 's a bha sinn a' feuchainn ri buidheann puirt-adhair roinneil soirbheachail is seasmhach a bhith againn thar sgìre mhòr is eadar-mheasgte.**

Tha e sàbhailte a ràdh, aig an àm seo, gu bheil sinn ag obair ann an suidheachadh làn mhi-chinnt. Tha fìor chuideaman ionmhais oirnn a bharrachd air èiginn cosgaisean bith-beò mar thoradh air a' bhuidheann a th' aig a' ghalair lèir-sgaoilte agus na dùbhlain chruinneil a th' ann an-dràsta a thaobh lùtha is solar. Feumaidh ceumannan sam bith gus dèiligeadh ris na dùbhlain sin aire a thoirt air an àrdachadh chruinneil ann an draghan àrainneachd cuideachd.

Taobh a-staigh sgìre HIAL, tha sinn a' frithealadh farsaingeachd de choimhearsnachdan bho chathair-bhailtean a tha a' fàs do na h-eileanan as iomallaiche againn. Tha Plana Nàiseanta Eileanan na h-Alba a chaidh fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba ag amas air dèiligeadh ris na dùbhlain shòisealta, eaconamach agus chruinn-eòlasach a tha mu choinneamh mòran de na coimhearsnachdan as iomallaiche ann an Alba. Airson HIAL, is e an dùbhlain farsaing a bhith a' coileanadh an fheum fhad-ùine gus na coimhearsnachdan as iomallaiche a cheangal air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, agus aig an aon àm a bhith a' dìon tè de na h-àrainneachdan as sònraichte san Roinn Eòrpa. Tha iomadh factar san dùbhlain seo:

## Àireamh-sluaigh ìosal agus air a sgoileadh thairis air sgìre mhòr

Tha am port-adhair as motha aig HIAL ann an Inbhir Nis, aig an robh cha mhòr 800,000 neach-siubhail ann an 2023/24, , le sgìre luchd-cleachdaidh de mu 28,000 km<sup>2</sup> (còrr air an treas cuid de mheud iomlan na h-Alba) ach le dìreach mu 330,000 luchd-còmhnaidh – dìreach sia sa cheud de shluagh na h-Alba air fad. Aig taobh eile na sgèile, tha seirbheisean adhair bho eileanan ann an Innse Gall, Arcaibh agus Sealtainn a' frithealadh shluaghan eadar 5,000 agus nas lugha na 600.

## Roghainnean siubhail cuibhrichte airson luchd-còmhnaidh agus gnìomhachasan

Tha mòran de na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh fada bho na prìomh ionadan sluaigh agus gu tric tha roghainnean còmhdaidh rathaid/rèile/bàta cuibhrichte. Airson a' mhòr-chuid aca, tha seo a' gabhail a-steach tursan aiseig nach eil ro thrì agus air an toir an aimsir buaidh gu tric. Mar sin tha seirbheisean adhair earbsach deatamach do mhòran gnìomhachasan beaga a tha gu mòr an urra ri margaidhean air an taobh a-muigh, agus a dh'fheumas eadar-obrachadh le custamairean nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Mar an ceudna, tha luchd-còmhnaidh ann an coimhearsnachdan iomallach an urra ris na puirt-adhair beaga aig HIAL airson cothrom air nithean sòisealta is cur-seachadan - agus mòran de na seirbheisean "lòidhne-beatha" deatamach.

## Cosgais còmhdaidh-adhair agus dùil an luchd-siubhail

Tha margaidh seirbheisean adhair na RA sa mhòr-chuid ag obair san roinn phrìobhaidich, far is e companaidhean adhair cosgais ìseal as motha a tha a' toirt seachad seirbheisean. Tha HIAL a' faighinn taic bho mhaoineachadh poblach gus dèanamh cinnteach gu bheil coimhearsnachdan ceangailte. Faodaidh beachdan làidir a bhith aig luchd-siubhail air cosgais agus ìre nan seirbheisean a thathar a' toirt seachad, agus thathar a' cur fàilte air seo. Aig an àm seo, tha an Dleastanas Seirbheis Poblach (PSO) agus an Sgeama Lasachadh Adhair ag amas air dèiligeadh ri cuid de na dùbhlain sin. Tha sgeamaichean a tha air am maoineachadh leis an roinn phoblach, a' toirt cothrom do chuid de luchd-còmhnaidh na Gàidhealtachd agus nan Eilean faraidhean nas ìsle fhaighinn airson siubhal cur-seachad, ach a dh'aindeoin nan eadar-theachdan sin, tha cosgais fhathast na chùis chudromach do luchd-cleachdaidh tursan-adhair taobh a-staigh na h-Alba. Cha deach ìre as lugha de sheirbheisean aontaichte a dh'fheumas a bhith aig coimhearsnachdan gus taic a chumail ri leasachadh eaconamach a chomharrachadh.



# Ar n-Amasan

**Ann an suidheachadh far a bheil cuideaman ionmhais a tha a' sìor atharrachadh a bhios mu choinneamh na Companaidh san ùine air thoiseach oirnn, cumaidh sinn fòcas air a bhith a' libhrigeadh nam prìomh ghnìomhachdan againn:**

- A' ruith phuirt-adhair a bhios a' leantainn inbhean sàbhailteachd is riaghlaidh agus a' cumail taic ri ceangailteachd còmhdaidh riatanach.
- A' cumail suas agus a' leasachadh bun-structair agus seirbheisean puirt-adhair.
- Ag obair le companaidhean-adhair is eile gus a bhith a' cumail suas agus a' leasachadh seirbheisean adhair sgeidealaichte is seasmhach, siartair, agus bathair stèidhichte air feumalachdan chustamairean.
- A' cur ris an teachd a-steach choimeirsealta againn gus am bi an gnìomhachas nas ath-leumaiche.

**Bidh na h-amasan a leanas mar bhunait air a h-uile rud a nì sinn gus dèanamh cinnteach gun lean sinn oirnn a' toirt taic do sheirbheisean deatamach agus ceangailteachd do na coimhearsnachdan againn:**



## **Obrachaidhean Sàbhailte is Seasmhach**

A' dèanamh cinnteach gum mair ceanglaichean adhair riatanach agus loidhne-teasairginn do na coimhearsnachdan againn.



## **Feachd-obrach Sàbhailte is Seasmhach**

A' toirt seachad àrainneachd obrach shàbhailte agus a' togail comas agus tapachd gus aghaidh a chur air dùbhlain an àm ri teachd.



## **Modail Ionmhasail Seasmhach**

A' libhrigeadh ar gnìomhachd anns an dòigh as èifeachdaiche agus as seasmhaiche.



## **Com-pàirteachadh Coimhearsnachd Seasmhach**

A' cumail suas fòcas coimhearsnachd, com-pàirtiche, agus custamair làidir gus prìomhachasan fhiosrachadh, ùr-ghnàthachadh a thoirt air adhart agus gus seirbheisean a leasachadh.



## **Àrainneachd Port-adhair Seasmhach**

A' cuideachadh gus targaid Riaghaltas na h-Alba a choileanadh gum bi a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan na sgìre adhair le cothromachadh-carboin ro 2040.

# Ar Prìomhachasan

Gus na h-amasan sin a choileanadh, tha sinn air sia prìomhachasan ro-innleachdail a shuidheachadh a tha a' toirt seachad stiùireadh farsaing do HIAL airson nan ath còig bliadhna.

Aontaichidh sinn na gnìomhan a nì sinn gus na prìomhachasan sin a choileanadh sa Phlana Obrachaidh Chorporra bhliadhnail againn. Thèid prìomhachas a chur air na gnìomhan seo gach bliadhna gus dèanamh cinnteach gun tèid an libhrigeadh taobh a-staigh a' mhaoineachaidh iomlan a tha againn agus thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a rèir nam buidseatan a tha rim faighinn.

- Libhrig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ar custamairean, coimhearsnachdan, agus co-obraichean a choileanadh.
- Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus modail obrachaidh a libhrigeadh a tha sàbhailte agus seasmhach taobh a-staigh nan stòrasan a tha rim faighinn.
- Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta againn agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra.
- Lùghdaich a' bhuidheachd àrainneachdail againn.
- Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gnìomhachais sùbailte ùr-nodha a libhrigeadh.
- Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach.



Port-adhair Bheinn na Faoghla

# Lìbhrig modail obrachaidh port-adhair sàbhailte is seasmhach gus feumalachdan ar custamairean, coimhearsnachdan, agus co-obraichean a choileanadh

Thathar ag aithneachadh gu bheil ceanglaichean adhair seasmhach is làidir air prìsean reusanta nam prìomh eileamaidean de dh'eaconamaidhean na sgìre againn san àm ri teachd. Tha na puirt-adhair againn a' libhrigeadh bun-structair còmhhdhail riatanach mar phàirt de lionra còmhhdhail na h-Alba san fharsaingeachd.

Ann an suidheachadh far nach eil ach beagan roghainnean siubhail talmhainn ann, thathar ag aithneachadh gu bheil ceanglaichean adhair ro chudromach airson nan coimhearsnachdan iomallach agus eileanach againn a bharrachd air na h-ionadan roinneil againn ann an Dùn Dè agus Inbhir Nis.

Tha ceanglaichean adhair làidir agus air prìs reusanta deatamach gus taic a thoirt do choimhearsnachdan beòthail agus seasmhach gu h-eaconamach air a' Ghàidhealtachd agus sna Eileanan.

Anns na h-amannan dùbhlanaich seo feumaidh sinn taic a chumail ri ceanglaichean adhair ro-chudromach eadar coimhearsnachdan dùthchail is eileanach agus tir mòr, agus pàirt a ghabhail ann a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi na coimhearsnachdan as iomallaiche againn fhathast ruigsinneach agus seasmhach.

Ni sinn ar dicheall gus an lionra seirbheis adhair againn a chumail, agus gus a leudachadh far an gabh a dhèanamh, gus feumalachdan nan coimhearsnachdan san àm ri teachd a choileanadh agus gus taic agus brosnachadh a chumail ri leasachadh eaconamach san sgìre againn. Gus seo a dhèanamh, tha sinn ag aithneachadh gum feum sinn cumail oirnn a bhith ag atharrachadh agus a bhith a' coimhead air diofar mhodailean obrachaidh a tha sàbhailte, ach cuideachd eadar-dhealaichte agus ùr-ghnàthach, gus seirbheisean a libhrigeadh gus dèanamh cinnteach gum mair na puirt-adhair.

## Gus ar cuideachadh gus an t-amas sin a choileanadh, cuiridh sinn fòcas air:

- Prìomh sheirbheisean obrachaidh aig gach port-adhair gus obrachadh a-mach de an dòigh libhrigidh leis an luach as fheàrr.
- Am modail obrachaidh as fheàrr, modail a tha sàbhailte, gus ceanglaichean adhair a chomasachadh gus feumalachdan nan coimhearsnachdan a bhios sinn a' frithealadh a choileanadh.
- Fios-air-ais bho ar co-obraichean, com-pàirtichean sna companaidhean adhair, custamairean, agus luchd-ùidh coimhearsnachd gus riatanasan obrachaidh is customair san àm ri teachd fhiosrachadh.
- Am bun-structair, uidheamachd, teicneòlas agus irean luchd-obrach iomchaidh a dh'fheumar gus modail obrachaidh sàbhailte is seasmhach a libhrigeadh airson a h-uile port-adhair.
- Tèarainteachd dhidseatach agus shìobair gus dèanamh cinnteach gu bheil an obair againn daonnan sàbhailte agus tèarainte.



Port-adhair Ìle



# Ath-thaobhaich ar tasgadh bun-structair gus modail obrachaidh a libhrigeadh a tha sàbhailte agus seasmhach taobh a-staigh nan stòrasan a tha rim faighinn

Chaidh a' mhòr-chuid de na puirt-adhair againn a thogail gus seirbheisean a toirt seachad do na feachdan adhair aig àm an Dàrna Cogaidh agus mar sin tha am bun-structair a' fàs sean agus tha feum air tasgadh mòr gus ar gnìomhachd ùrachadh agus a chumail suas.

Tha cuideam eaconamach a' toirt buaidh air na planaichean ùrachaidh againn. Thar malairt agus gnìomhachas, tha na prìsean a' sìor àrdachadh le cosgaisean solarachaidh is stuthan a' sìor dhol am meud. Tha seo a' cur cuideam mòr air a' chomas againn ar bun-structair a chumail suas leis gu bheil am maoinachadh a tha ri fhaighinn airson caitheamh poblach a' sìor theannachadh.

Ni sinn ar dìcheall gus ar bun-structair a leasachadh gus am bi cùisean cho math 's a ghabhas do chustamairean, ach feumar seo a chothromachadh leis a' mhaoineachadh a tha againn. Mar sin, feumaidh sinn ar prògram calpa a phlanadh agus a phrìomhachadh stèidhichte air a bhith a' cumail suas gnìomhachd puirt-adhair sàbhailte, a' coinneachadh ri riatanasan riaghlaidh agus àrainneachdail.

## Gus an t-amas seo a choileanadh, cuiridh sinn fòcas air a bhith:

- A' tasgadh ann am bun-structair bunaiteach gus am bi obrachadh sàbhailte agus gun gèillear ri riaghailtean.
- A' faighinn an tasgaidh bun-structair a tha a dhìth gus dèanamh cinnteach gu bheil na puirt-adhair gu lèir againn a' gèilleadh ri riaghailtean riaghlaidh.
- Dòigh-obrach ro-innleachdail a thaobh solarachd agus plana calpa a bhith ann gus dèanamh cinnteach gu bheil eaconamaidhean sgèile ann tro phlanadh èifeachdach agus èifeachdas obrachaidh.
- A' libhrigeadh ro-innleachd stiùireadh stòrasan gus ar oighreachdan a riaghladh gu h-èifeachdach.
- A' dèanamh feum de theicneòlas didseatach gus taic a chumail ri riaghladh èifeachdach air an oighreachd againn agus gus fiosrachadh ceart a thoirt seachad airson taic a chumail ri co-dhùnaidhean stèidhichte air dàta.



Port-adhair Bharraigh

# Leudaich an teachd-a-steach coimeirsealta agus cruthaich sruthan teachd-a-steach ùra

Tha puirt-adhair HIAL stèidhichte ann an sgìre iomallach le àireamh-sluaigh ìosal agus tha feum aca air subsadaidhean bho Riaghaltas na h-Alba gus taic a chumail ri seirbheisean adhair deatamach. Tha sinn ag amas air an teachd-a-steach choimeirsealta againn àrdachadh gus ath-thasgadh nar seirbheisean agus gus a' chosgais dhan luchd-pàighidh chìsean a lùghdachadh.

Tha meud nan dùbhlain ionmhais a th' ann an-dràsta a' fàgail gum bi cothroman sam bith air teachd-a-steach àrdachadh tro bhith a' toirt seachad seirbheisean a bharrachd duilich a choileanadh. Ach, tha HIAL a' coimhead air dòighean ùra gus iomadachadh agus gus sruthan teachd-a-steach ùra a chruthachadh mar-thà. Tha beairteas de dh'eòlas agus eachdraidh dhearbhte againn ann an gnìomhachas nan seirbheisean adhair, agus cumaidh sinn oirnn a' coimhead air cothroman teachd-a-steach airson an àm ri teachd.

**Gus an t-amas seo a choileanadh, cuiridh sinn fòcas air a bhith:**

- A' toirt taic do shlighean adhair làithreach agus a' cruthachadh slighean adhair ùra gus ro-innleachd fàs eaconamach na h-Alba a bhrosnachadh.
- A' stèidheachadh aontaidhean coimeirsealta ioma-bliadhna le companaidh-adhair com-pàirteach gus taic a chumail ri gleidheadh shlighean agus gus gnìomhachas seasmhach a bhith againn.
- Ag ath-sgrùdadh ar ro-innleachd choimeirsealta gus coimhead air teachd-a-steach co-cheangailte, no nach eil co-cheangailte, ri seirbheisean adhair, gus taic a chumail ris a' ghluasad againn gu cothromachadh-carboin.
- A' cleachdadh nan so-mhaoinean, goireasan agus bun-structair làithreach againn, gus coimhead air seirbheisean a bharrachd a thoirt seachad gus teachd-a-steach a dhèanamh.



Port-adhair Inbhir Nis

# Lùghdaich a' bhuidh àrainneachdail againn

**Tha Aithris Seirbheisean-adhair agus Prìomh Ghnìomhan Còmhdhail Alba a' mìneachadh cho cudromach 's a tha seirbheisean-adhair do dh'Alba agus a' mìneachadh nan ceumannan a ghabhas Riaghaltas na h-Alba gus a eimiseanan a lùghdachadh a rèir an rùintean cothromachadh-carboin a ruigsinn.**

Aig na h-amannan dùbhlach seo, tha cuideam mòr air roinn nan seirbheisean-adhair agus 's e an t-amas againn gum bi HIAL na buidheann puirt-adhair roinneil le cothromachadh-carboin. Obraichidh sinn le Riaghaltas na h-Alba agus companaidhean adhair gus cuideachadh gus targaid Riaghaltas na h-Alba a choileanadh gus am bi a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan na sgìre seirbheisean-adhair gun eimiseanan.

'S e puirt-adhair a tha sàbhailte agus tèarainte a ruith fo fhrèam-obrach riaghlaidh teann ar prìomh amas, agus thèid seo a chothromachadh le ar miann gus eimiseanan carboin a lùghdachadh.



Port-adhair Sumburgh

**Tha an Ro-innleachd Seasmhachd againn airson 2023-2033 agus am mapa rathaid againn a' cuimseachadh air trì cuspairean:**

- **A' lùghdachadh na buaidh àrainneachdail againn**

Tha sinn ag aithneachadh na buaidh as urrainn a bhith aig ar cuid obrach air an àrainneachd ionadail, agus tha sinn dealasach a thaobh na buaidhean sin a thuigsinn agus a lùghdachadh.

- **A' toirt taic do ar coimhearsnachdan agus ar daoine**

Cuiridh sinn fòcas air a bhith a' cruthachadh àrainneachd obrach adhartach gus taic a chumail ri sunnd nan daoine againn agus gus cothromachadh beatha-obrach èifeachdach a bhith ann. Leanaidh sinn oirn ag obair gu dlùth le ar co-obraichean, com-pàirtichean, agus coimhearsnachdan gus ar miann a bhith nar buidheann puirt-adhair roinneil le cothromachadh carboin a thoirt gu buil.

- **Seirbheisean-adhair le cothromachadh-carboin**

Cuiridh sinn fòcas air an dleastanas againn gus cuideachadh gus targaid Riaghaltas na h-Alba a choileanadh gum bi a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan na sgìre adhair le cothromachadh-carbon.

Ged a rinneadh deagh adhartas a thaobh libhrigeadh nan amasan againn, nì sinn ath-sgrùdadh air ar Ro-innleachd Seasmhachd gus dèanamh cinnteach gu bheil fòcas air stòrasan thairis air na trì bliadhna a tha romhainn.



# Leasaich an sgioba-obrach againn gus modail gnìomhachais sùbailte ùr-nodha a libhrigeadh

Tha na daoine againn aig cridhe HIAL, agus tha iad an urra ris an lìonra puirt-adhair sàbhailte, aoigheil againn a tha ag obair chun nan ìrean proifeasanta as àirde. Is e ar n-amas àrainneachd obrach adhartach a chruthachadh le fòcas air sunnd nan daoine againn agus le cothromachadh beatha-obrach èifeachdach.

Gus lìonra puirt-adhair a tha sàbhailte agus seasmhach a libhrigeadh airson nan deicheadan ri thighinn, feumaidh sinn sgioba-obrach seasmhach, sùbailte agus tapaidh a thogail a bhios iomchaidh airson an àm ri teachd. Bidh sinn a' coimhead air diofar mhodalan obrachaidh agus ag atharrachadh a rèir atharrachaidhean ann an cleachdadh teicneòlais, agus bidh obair shùbailte deatamach airson gnìomhachd èifeachdach.

Ann an raon gnìomhachais far a bheil sàbhailteachd ro-chudromach, bha sinn a-riamh a' feuchainn ri dhèanamh cinnteach gu bheil na sgilean agus an t-eòlas as àirde aig a h-uile duine againn gus an dreuchd aca a choileanadh. Cuidichidh ar cuideam air ionnsachadh fad-beatha gus dèanamh cinnteach gu bheil ar co-obraichean uidheamaichte gus modal gnìomhachais ùr-nodha a libhrigeadh agus gus am bi àrd-ìre de sheirbheis chustamairean ann fhathast.

Tha e cudromach cuideachd gum bi sinn a' tàladh raon farsaing de dhaoine bho air feadh a' chomainn-shòisealta againn agus gun dèan sinn cinnteach gun cùm sinn oirnn a' tàladh agus a' cumail luchd-obrach àrd-inbhe gus ar feumalachdan san àm ri teachd a choileanadh.

## Gus ar cuideachadh gus na h-amasan sin a choileanadh, cuiridh sinn fòcas air a bhith:

- A' fastadh luchd-obrach gu h-ionadail agus a' cruthachadh obraichean fìor sgileil ann an coimhearsnachdan ionadail iomallach.
- A' brosnachadh a' phoileasaidh ionad-obrach shùbailte againn a rèir nàdar air leth nan coimhearsnachdan anns a bheil sinn ag obair.
- A' tasgadh ann an leasachadh sgilean airson an àm ri teachd, a' mineachadh mar a tha sinn an dùil dèanamh cinnteach gu bheil na sgiobaidhean againn uidheamaichte airson saoghal na h-obrach san àm ri teachd.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil na daoine againn air an trèanadh gu leòr agus gun urrainn dhaibh an comas a ruighinn nan dreuchd làithreach agus gun urrainn dhaibh comas riaghlaidh agus proifeiseanta a dhearbhadh.
- A' cruthachadh pasgan pàighidh is duais seasmhach a choimheadas ri Duais lomlan gus an t-sùbailteachd as motha a thoirt seachad agus gus taic a chumail ri gnìomhachd ionadail.



# Obraich ann an com-pàirteachas airson àm ri teachd seasmhach

Tha ruith gach fear de na puirt-adhair againn an eisimeil obair com-pàirteachais le raon farsaing de luchd-ùidh. Tha iad seo a' gabhail a-steach nan coimhearsnachd ionadail, a bhios a' cleachdadh bun-structair nam port-adhair agus seirbheisean 'loidhne-teasairginn', buidhnean eile san roinn phoblaich, agus seirbheisean èiginn, cho math ri solaraichean, teanantan nam port-adhair agus na loidhneachan-adhair – am measg eile.

Tha e nas cudromaiche na bha e riamh, gun tog sinn air na com-pàirteachasan làidir againn le luchd-ùidh ionadail agus nàiseanta gus ar cuideachadh le bhith a' fiosrachadh nam prìomhachasan caitheamh agus nam planaichean againn airson an àm ri teachd. Tha cuideaman eaconamach gun choimeas a' leantainn, agus mar sin, feumaidh sinn obrachadh ann an com-pàirteachas airson leas nam buidhnean agus nan coimhearsnachdan againn.

Bidh e deatamach fòcas làidir a chumail air a' choimhearsnachd agus sinn a' coimhead air diofar mhodalan obrachaidh agus air a bhith a' leasachadh sheirbheisean airson nam port-adhair againn. Tha sinn air buidhnean-obrach com-pàirteachais a stèidheachadh gus coimhead air cothroman leasachaidh obrachaidh agus teachd-a-steach coimeirsealta.

Gus ar cuideachadh gus na h-amasan sin a choileanadh, cuiridh sinn fòcas air a bhith:

- A' leudachadh ar prògram coimhearsnachd, com-pàirteachais, luchd-ùidh, agus conaltradh chustamairean le libhrigeadh ionadail aig cridhe na cùise.
- A' cumail fòcas làidir air custamairean le bhith a' leudachadh suirbhidhean fios-air-ais bho luchd-cleachdaidh thar nam port-adhair uile againn gus cuideachadh le bhith a' fiosrachadh cho-dhùnaidhean obrachaidh is coimeirsealta.
- A' coimhead air co-obrachadh le buidhnean com-pàirteachais gus èifeachdachasan cosgais agus eaconamaidhean-sgèile fhaighinn.
- Ag obair le com-pàirtichean agus buidhnean, gus taic a chumail ri gnìomhachd èifeachdach agus seirbheisean adhair seasmhach air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan.



Ruith an Raon-laighe, Inbhir Nis

# Fios thugainn

Tha sinn dealasach a thaobh a bhith a' cumail suas agus a' leasachadh nan seirbheisean againn agus cuiridh sinn fàilte air beachdan nan com-pàirtichean, custamairean, luchd-siubhail agus coimhearsnachdan ionadail againn.

Bidh sinn a' cleachdadh an fhios-air-ais a gheibh sinn gus sùil a chumail air ar coileanadh agus gus am fiosrachadh seo a thoirt a-steach dhan phròiseas dealbhaidh is riaghlaidh againn gus an t-seirbheis againn adhartachadh. Tha sinn toilichte leis an fhios-air-ais a bhios sinn a' faighinn agus tha sinn airson cluinntinn mu eisimpleirean de dheagh chleachdadh agus càileachd seirbheis a tha nan deagh eisimpleirean de na h-irean seirbheis a tha sinn a' feuchainn ri thoirt seachad.

Ma tha rud sam bith a tha thu airson innse dhuinn mu dheidhinn, no ma tha thu ag iarraidh barrachd fiosrachaidh mu Phuirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta, cuir fios thugainn:

## Faic an làraich-lìn againn::

[www.hial.co.uk/contact-us](http://www.hial.co.uk/contact-us)


## Cuir post-d thugainn:

[info@hial.co.uk](mailto:info@hial.co.uk)

## Sgrìobh thugainn:

Puirt-adhair na Gàidhealtachd agus nan Eilean,  
Àrd-oifis, Port-adhair Inbhir Nis, Inbhir Nis IV2 7JB

 **Innis gur toigh leat sinn air Facebook:**  
[@hialairports](https://www.facebook.com/hialairports)

 **Lean air X sinn:**  
[@Hial\\_Airports](https://twitter.com/Hial_Airports)

 **Cùm ann an co-luadar air LinkedIn:**  
[@hial-airports](https://www.linkedin.com/company/hial-airports)

 **Lean air Instagram sinn:**  
[@hial\\_airports](https://www.instagram.com/hial_airports)

